

**Co-sgrùdadh air seirbheisean gus clann agus daoine òga
a dhìon ann an sgìre Comhairle nan Eilean Siar**

Samhain 2007

| Clàr Innse | Duilleag |
|---|----------|
| Ro-ràdh | 1 |
| 1. Cùl-fhiosrachadh | 2 |
| 2. Prìomh neartan | 4 |
| 3. Dè cho èifeachdach 's a tha an cuideachadh a tha clann a' faighinn nuair a tha feum aca air? | 5 |
| 4. Dè cho math 's a tha seirbheisean a' brosnachadh mothachadh poblach a thaobh dìon chloinne? | 10 |
| 5. Dè cho math 's a tha libhrigeadh nam prìomh phròiseasan? | 12 |
| 6. Dè cho math 's a tha stiùireadh obrachail ann a bhith a' dìon chloinne agus a' coinneachadh ris na feumalachdan aca? | 20 |
| 7. Dè cho math 's a tha ceannardas fa leth agus coitcheann? | 24 |
| 8. Dè cho math 's a tha clann agus daoine òga air an dìon agus na feumalachdan aca air an coinneachadh? | 30 |
| 9. Dè tha tachairt a-nis? | 31 |
| Pàipear-taice 1 Taisbeanairean càileachd | 32 |
| Ciamar a chuireas tu fios thugainn? | 34 |

Ro-ràdh

Tha an *Achd airson Co-sgrùdadh air Seirbheisean Chloinne agus Sgrùdadh air Seirbheisean Obair Shòisealta (Alba) 2006*, cuide ris na riaghailtean buntainneach agus an Còd Cleachdaidh, a' toirt seachad frèam reachdail airson co-sgrùdaidhean a dhèanamh air mar a tha seirbheisean air an solarachadh do chloinn. Tha sgrùdaidhean air an dèanamh taobh a-staigh frèam foillsichte de thaisbeanairan càileachd, *'Dè cho math 's a tha clann agus daoine òga air an dìon agus na feumalachdan aca air an coinneachadh?'* (*How well are children and young people protected and their needs met?*)¹

Bha an sgioba stiùiridh a' gabhail a-steach Luchd-sgrùdaidh Co-cheangailte a tha ag obair airson sheirbheisean agus bhuidhnean a tha a' solarachadh sheirbheisean do chloinn agus dhaoine òga ann an sgìrean ùghdarras ionadail eile.

¹ *'Dè cho math 's a tha clann agus daoine òga air an dìon agus na feumalachdan aca air an coinneachadh?'*(*How well are children and young people protected and their needs met?*) Fèin-mheasadh a' cleachdadh taisbeanairan càileachd, Luchd-sgrùdaidh na Bànrìghe airson Foghlaim 2005.

1. Cùl-fhiosrachadh

Chaidh an sgrùdadh air seirbheisean gus clann a dhìon² ann an sgìre Comhairle nan Eilean Siar a dhèanamh sa Chèitean 2007. Bha e a' coimhead ris an raon sheirbheisean agus luchd-obrach ag obair san sgìre le dreuchd ann a bhith a' dìon chloinne. Bha iad seo a' gabhail a-steach seirbheisean slàinte, poileis, ùghdarras ionadail agus Rianachd Luchd-aithris Chloinne na h-Alba (RLCA), a bharrachd air an fheadhainn a tha buidhnean saor-thoileach agus neo-eisimeileach a' toirt seachad.

Mar phàirt den phròiseas sgrùdaidh, rinn luchd-sgrùdaidh ath-bhreithneachadh air cleachdadh tro bhith a' leughadh ball-sampaill de dh'fhaidhlichean glèidhte le seirbheisean a tha ag obair gus clann a tha a' fuireach san sgìre a dhìon. Choinnich cuid den chloinn agus de na teaghlaichean sa bhall-sampaill ri luchd-sgrùdaidh gus bruidhinn mu na seirbheisean a bha iad air fhaotainn.

Thadhail luchd-sgrùdaidh air seirbheisean a bha a' toirt cuideachadh do chloinn agus teaghlaichean, agus choinnich iad ri luchd-cleachdaidh nan seirbheisean sin. Bhruidhinn iad ri luchd-obrach le dleastanasan airson a bhith a' dìon chloinne thairis air na prìomh sheirbheisean uile. Bha seo a' gabhail a-steach luchd-obrach le dleastanasan ceannardais agus obrachail a bharrachd air an fheadhainn a bha ag obair gu dìreach le cloinn agus teaghlaichean. Ghabh luchd-sgrùdaidh eisimpleirean de dh'obair a bhathar a' dèanamh san sgìre gus clann a dhìon, le bhith an làthair aig coinneamhan agus ath-bhreithneachaidhean.

Seach gu bheil toraidhean na h-aithisge seo stèidhichte air ball-sampaill de chloinn agus teaghlaichean, chan urrainn do luchd-sgrùdaidh dèanamh cinnteach à càileachd na seirbheis a tha gach leanabh fa leth san sgìre a tha feumach air cuideachadh a' faotainn.

Is e sreath de dh'eileanan 150 mìle de dh'fhaid a tha sna h-Eileanan Siar, agus tha iad suidhichte far cladaich Iar Thuath na h-Alba. Is iad na prìomh eileanan Leòdhas is Na Hearadh gu tuath agus Uibhist is Barraigh gu deas. Tha a' chuid as motha den t-sluagh ann an Leòdhas, le mu 6,000 a' fuireach ann am baile Steòrnabhaigh. Tha an còrr den t-sluagh sgapte air feadh cha mhòr 300 coimhearsnachd croitearachd. Is ann le itealain bheaga no aiseag a bhios daoine a' siubhal eadar na trì buidhnean eilean.

² Tron sgrìobhainn seo tha 'clann' a' ciallachadh dhaoine fo aois 18 mar a thathar ga mhìneachadh san *Achd airson Co-sgrùdadh air Seirbheisean Chloinne agus Sgrùdadh air Seirbheisean Obair-shòisealta (Alba) 2006, (Joint Inspection of Children's Services and Inspection of Social Work Services (Scotland) Act 2006) Earrann 7(1).*

Tha sluagh dìreach beagan a bharrachd air 26,000 sna h-Eileanan Siar, agus tha mu 20% dhiubh fo aois 18 bliadhna. Tha an àireamh-sluaigh a' dol sìos. Thathar an dùil gum bi barrachd sheann daoine ann san àm ri teachd, agus lùghdachadh ann an àireamhan dhaoine òga a rèir sin. Tha an reata cion cosnaidh coltach ris a' chuibheasachd nàiseanta ach tha an ìre chuibheasach as ìsle de theachd-a-steach taigheadais sna h-Eileanan Siar a-mach às gach sgìre còd-puist ann an Alba air fad. Tha an co-roinn de chloinn air Clàr Dìon na Cloinne (CDC) a rèir na cuibheasachd nàiseanta, le mu 2.5 gach mìle leanabh. Chan eil mòran mì-chleachdadh dhrugaichean air aithris taobh a-staigh na sgìre ach thathar ag aithneachadh, thar nan seirbheisean, gu bheil mì-chleachdadh deoch-làidir na thrioblaid chudromach.

Ann an 2003, thug an t-ùghdarras ionadail, as leth Comataidh Dìon na Cloinne (CDC), cuireadh do Luchd-sgrùdaidh nan Seirbheisean Obair Shòisealta (as dèidh sin a' Bhuidheann Sgrùdaidh airson Obair Shòisealta) gus sgrùdadh a dhèanamh air gnìomhan nam buidhnean uile a bha an lùib a bhith a' toirt seachad seirbheisean cùraim, maitheis agus dìona do ochdnar chloinne à dà theaghlach. Rinn an aithisg a thàinig às³ grunn mholaidhean, agus tha an t-ùghdarras ionadail, SNS Eilean Siar, Poileis a' Chinn a Tuath agus an CDC air gabhail riutha agus a dhol an gnìomh orra.

³ Buidheann Sgrùdaidh airson Obair Shòisealta (2005). *Sgrùdadh a thaobh cùram agus dìon chloinne sna h-Eileanan Siar (An inspection into the care and protection of children in Eilean Siar)*. Dùn Èideann: Riaghaltas na h-Alba

2. Prìomh neartan

Lorg an luchd-sgrùdaidh na prìomh neartan a leanas a thaobh cho math 's a bha clann air an dìon, agus na feumalachdan aca air an coinneachadh sna h-Eileanan Siar.

- Dàimhean seasmhach agus earbsach eadar luchd-obrach agus clann.
- Poileas, obair shòisealta agus seirbheisean slàinte ag obair gu luath agus gu h-èifeachdach nuair a thathar an dùil gu bheil clann ann an cunnart.
- Seirbheisean a' toirt seachad taic airson teaghlaichean a chuideachadh gus coimhead as dèidh an cuid chloinne.
- Trèanadh ioma-bhuidhneach a tha air barrachd mothachaidh, misneachd agus comais a thogail am measg an luchd-obrach.
- An ceannardas agus an treòrachadh a tha Comataidh Dìon na Cloinne a' toirt seachad.

3. Dè cho èifeachdach 's a tha an cuideachadh a tha clann a' faighinn nuair a tha feum aca air?

Fhuair clann a chaidh a chomharrachadh 'ann an cunnart' cuideachadh èifeachdach nuair a bha feum aca air. Fhreagair luchd-obrach gu grad gus dèanamh cinnteach gu robh clann sàbhailte. Bha dàimhean matha agus earbsach aig cloinn le luchd-obrach. Bha fios aca mar a chumadh iad iad fhèin sàbhailte agus far am faigheadh iad cuideachadh nuair a bha feum air. Bha clann agus teaghlaichean a' faighinn raon de thaic shùbailte gus coinneachadh ris na feumalachdan aca. Gu h-iomlan, bha beathannan chloinne air fàs nas fheàrr mar thoradh air a seo. Cha robh seirbheisean freagarrach ann do chuid de chloinn a bha a' feumachdainn taic speisealta, gu h-àraid ann an Uibhist agus Barraigh.

A bhith a' faighinn èisteachd agus urram

Bha conaltradh eadar luchd-obrach, clann agus teaghlaichean math. Gu h-iomlan, bha clann a' faighinn èisteachd, tuigse agus urram. Bhathar a' toirt spèis dhaibh mar dhaoine fa leth agus bha deagh dhàimhean aca le proifeiseantaich. Bha grunn inbhich aig cloinn ris am b'urrainn dhaibh bruidhinn mu na draghan aca. Bha dàimhean seasmhach agus taiceil aca le luchd-obrach shòisealta. Bha daoine òga a' cur earbsa ann an luchd-obrach òigridh agus bha oileanaich cholaiste a' cur luach air an taic a bha iad a' faighinn bho oidichean cùrsa. Bha dragh air cuid de sgoilearan àrd-sgoile gun deidheadh an dìomhaireachd aca a bhriseadh nan innseadh iad na draghan aca do thidsearan. Bha deagh fhios aig luchd-obrach, gu h-àraid luchd-obrach shòisealta, luchd-obrach DCN (NCH) agus luchd-cùram mun a' chloinn a bha ann an cunnart no a bha a' faighinn seachad air droch dhìol. Bha luchd-obrach ag èisteachd gu cùramach ri cloinn agus bha iad a' cumail sùil air a' ghiùlain aca. Bha iad a' cleachdadh measgachadh de dhòighean conaltraidh gus freagairt air feumalachdan chloinne le ciorraman. Bha iadsan a bha ag obair le cloinn fhìor òg a' dèanamh deagh sgrùdadh air an leasachadh aca.

Bha buill pannal na chloinne a' conaltradh gu fìor èifeachdach agus mothachail le cloinn agus na teaghlaichean aca. Bha buill pannail an còmhnaidh a' sireadh bheachdan na chloinne tro fhoirmichean *Having Your Say* agus le bhith a' dèanamh ùine ann an èisteachdan gus bruidhinn ri cloinn gun inbhich eile a bhith an làthair. Bhathar a' gabhail aire do bheachdan chloinne nuair a bhathar a' dèanamh cho-dhùnaidhean aig èisteachdan. Bhathar uaireannan a' cleachdadh dhìonadairean agus luchd-tagraidh chloinne gus beachd fhaighinn mu na bha clann ag

iarraidh tachairt. Bhathar a' toirt cuireadh agus brosnachadh do theaghlaichean agus do chloinn nas sine a bhith an làthair aig coinneamhan dìon chloinne. Bha luchd-obrach gan deasachadh airson choinneamhan agus bha iad a' cuideachadh chloinne agus theaghlaichean gus com-pàirt a ghabhail. Ann am beagan chùisean cha robh clann agus teaghlaichean an làthair aig coinneamhan cudromach agus cha deach na beachdan aca a chluinntinn. Cha robhas an-còmhnaidh a' sireadh bheachdan cloinne a bha ro òg a bhith an làthair aig coinneamhan. Bha àireamh bheag de chloinn ann nach robh a' faighinn taic èifeachdach gus com-pàirt a ghabhail ann an coinneamhan dìon chloinne.

A' faighinn cuideachadh airson a bhith sàbhailte

Bha taic do chloinn agus teaghlaichean math. Bha taic eadar-bhuidhneach chuideachail ann do theaghlaichean so-leònte le cloinn fhìor òg. Bha a' chlann seo a' faighinn taic dhian agus shùbailte aig aois thràth tro *Sure Start*. Bha seo a' gabhail aire do shuidheachadh dùthchail agus bha e gu tric air a dhèanamh ann an dachannan theaghlaichean gus freagairt air suidheachaidhean fa leth. Bha luchd-tadhail slàinte a' cuideachadh phàrantan gus rian a chumail air giùlain an cuid chloinne agus bha iad a' toirt cuireadh sa bhad dhaibhsan a dh'fhaodadh a bhith ìseal nan inntinn as dèidh leanabh fhaighinn. Bha cuid den luchd-obrach air tòiseachadh air prògram pàrantachd ainmeil a lìbhrigeadh do theaghlaichean fa leth. Bha buidheann ioma-bhuidhneach a' coinneachadh ri feumalachdan taic a bharrachd chloinne aois ro-sgoile. Bha DCN a' solarachadh raon sheirbheisean èifeachdach gus teaghlaichean le cloinn de gach aois le duilgheadasan a chuideachadh. Bha pàrantan a' cur luach air na seirbheisean seo agus bha buaidh mhath aca air teaghlaichean agus cloinn. Cha robh seirbheisean freagarrach ann agus clann a chuideachadh a' dèiligeadh ri buaidh a bhith a' fuireach ann an teaghlach a bha a' fulang air sgàth mì-chleachdadh stuthan. Bha na seirbheisean a bha ann airson pàrantan a chuideachadh gus faighinn seachad air mì-chleachdadh deoch-làidir cuingealaichte agus cha robhar gam frithealadh gu math. Bha seirbheisean ann gus teaghlaichean fo bhuaidh droch dhìol san dachaigh a chuideachadh, ach bha an àireamh de theaghlaichean a bha air an cur air adhart agus a bha a' cleachdadh nan seirbheisean seo ìseal.

Bha fios aig cloinn air mar a chumadh iad iad fhèin sàbhailte agus mar a gheibheadh iad cuireadh nuair a bha feum aca air. Bha iad a' sealltainn gun robh iad mothachail mu bhurraidheachd agus mar a bu chòir dèiligeadh ris. Bha clann nas òige ag innse gun robh iad a' cleachdadh '*bogsaichean builgein*' san sgoil gus comhairle no taic a

shireadh bho inbheach agus dh'fhaodadh iad inbhich a chomharrachadh an dà chuid taobh a-staigh agus taobh a-muigh nan teaghlaichean aca a dh'fhaodadh cuideachadh a thoirt dhaibh. Bha fios aig a' chloinn mu dheidhinn *ChildLine* ach cha robh iad cho eòlach air Còir na Cloinne. Bha fios aig a' chloinn uile mu shàbhailteachd eadar-lìn. Bha trèanadh ann an ciad-chobhair aig a' chloinn as sine. Bha cothrom cuingealaichte aig sgoilearan san àrd-sgoil air comhairle dhìomhair mu shlàinte feise. Bha rèiteachaidhean matha aig an ùghdarras ionadail airson a bhith a' toirt taic do chloinn a bha a' faighinn foghlam san dachaigh. Bha raon de thaic air a sholarachadh do chloinn a chaidh a thoirmeasg bhon sgoil agus bha seo air a thoirt seachad tron phròiseact Foghlam Curaicealam Eadar-dhealaichte (FCE).

Bha deagh bhuaidh aig prògraman sgoile airson slàinte agus sàbhailteachd air a' chloinn. Bha iad a' faighinn comhairle mu raon chuspairean, a' gabhail a-steach cleasan-teine, sàbhailteachd rathaid agus biadh fallain. Bha grunn chloinne air a bhith an làthair aig a' phrògram Roghainnean airson Beatha, a bha air an cuideachadh gus roghainnean matha a dhèanamh mun t-slàinte agus mun t-sàbhailteachd aca fhèin. Bha clann an-còmhnaidh ag ainmeachadh deoch-làidir agus smocadh mar chunnartan dhaibh san sgìre aca fhèin. Bha raon math de dh'iomairtean airson sàbhailteachd deoch-làidir air a bhith ann. Ach, cha robh ach àireamh chuingealaichte de luchd-malairt cheadaichte ionadail air com-pàirt a ghabhail ann an iomairt leis an Fhòram airson Sàbhailteachd Coimhearsnachd gus sgrùdadh aoise a dhèanamh air daoine òga.

Eisimpleirean de na thuirt clann mu bhith gan cumail fhèin sàbhailte.

“San sgìre seo, is e deoch-làidir agus smocadh na prìomh dhuilgheadasan ris am feum deugairean aghaidh a chur.”

“Bha Roghainnean airson Beatha sgoinneil!”

“Tha banaltram na sgoile math le daoine aig a bheil duilgheadasan.”

“Tha e fìor chudromach a bhith fallain...na gabh drugaichean.”

Freagairtean grad do dhraghan

Bha an fhreagairt ghrad do dhraghan fìor mhath. Bhathar ag èisteachd ri cloinn agus bha luchd-obrach a' gabhail aire do na draghan aca. Nuair a bhathar a' smaoinichadh gun robh clann ann an cunnart bha luchd-obrach a' dol an gnìomh gu grad gus an dèanamh sàbhailte agus bha iad mothachail mu na feumalachdan aca. Uile gu lèir, bha luchd-obrach soirbheachail ann a bhith a' cumail fiosrachadh ri cloinn agus na teaghlaichean aca a thaobh na bha a' tachairt rè sgrùdaidhean dìon chloinne. Bhathar a' dèanamh oidhirpean gus dèanamh cinnteach gun robh clann a' faighinn taic bho luchd-obrach air an robh iad eòlach, far an robh e comasach sin a dhèanamh. Bha luchd-obrach shòisealta, poileas agus luchd-obrach slàinte a' freagairt gu h-ìomchaidh ri draghan a dheidheadh a thogail mu chloinn taobh a-muigh uaireannan oifis àbhaisteach. Bha cuid de luchd-obrach ag obair taobh a-muigh uaireannan a' chunnaidh aca gus dèanamh cinnteach gun robh clann sàbhailte. Ann an cuid de shuidheachaidhean èiginn far nach robh àite daltachais ri fhaotainn gu h-ionadail, chaidh luchd-obrach an gnìomh gus roghainn freagarrach eile a lorg. Ann an aon eisimpleir, chuir luchd-obrach àite-fuirich air dòigh do dhithis chloinne òga còmhla ri cuideigin a bha càirdeach dhaibh, ann an aonad còmhnaidh. Ann an àireamh bheag de shuidheachaidhean bha aig luchd-obrach ri measaidhean cunnairt a dhèanamh taobh a-muigh uaireannan oifis àbhaisteach gun cothrom air an fhiosrachadh uile a bha ri fhaotainn.

A' coinneachadh ri feumalachdan

Uile gu lèir, bha a' bhuaidh a bha aig seirbheisean air a bhith a' coinneachadh ri feumalachdan chloinne math. Bha clann a' faighinn deagh thaic tro phròiseasan dìon chloinne bho luchd-obrach shòisealta agus bha na feumalachdan aca san ùine-ghoirid air an comharrachadh agus air an coinneachadh. Bha luchd-obrach mothachail mu fheumalachdan chloinne fa leth taobh a-staigh teaghlaichean agus bha iad cùramach mu bhith gan coinneachadh. Bha seirbheisean air an solarachadh do chloinn co dhiubh a bha no nach robh iad air CDC no fo cheumannan cùraim reachdail. Bha clann nach b'urrainn fuireach aig an taigh a' faighinn deagh chùram bho luchd-obrach aonadan-còmhnaidh agus bho luchd-cùraim daltachais. Ann an àireamh bheag de chùisean, far an robh pàrantan an eisimeil deoch-làidir airson ùine mhòr agus far nach robh iad deònach no comasach air atharrachadh, cha robhar a' coinneachadh gu math ri feumalachdan chloinne san ùine-fhada.

Chum luchd-obrach suas dàimhean cunbhalach le teaghlaichean. Bha iad soilleir mu na dleasan aca a thaobh a bhith a' cumail chloinne sàbhailte. Uile gu lèir, bha seirbheisean ag obair gu math còmhla gus coinneachadh ri feumalachdan chloinne. Chaidh rèiteachaidhean breithneachail a dhèanamh far nach robh seirbheisean speisealta rim faotainn. Bha luchd-obrach mothachail a thaobh a bhith ag aithneachadh amannan a dh'fhaodadh a bhith doirbh, leithid saor-làithean sgoile, agus bha iad a' toirt taic a bharrachd seachad gus duilgheadasan a sheachnadh. Bha càirdean san teaghlach fharsaing cudromach ann a bhith a' toirt sàbhailteachd agus tèarainteachd do chloinn gus coinneachadh ris na feumalachdan aca san ùine as fhaide. Bha luchd-obrach gnìomhach ann a bhith a' brosnachadh agus a' toirt taic do chàirdean san teaghlach fharsaing ann a bhith a' coinneachadh feumalachdan chloinne san ùine ghoirid agus fhada.

Bha DCN agus am pròiseact FCE a' toirt cùram agus foghlam do chloinn so-leònte, gan cuideachadh gus fuireach sna h-Eileanan Siar. Bha seirbheisean do chloinn le ciorraman a' toirt buaidh chudromach air beathannan cuid de chloinn agus an teaghlaichean. Bha clann a bha fo bhuidhe droch dhìol san dachaigh a' faighinn deagh thaic bho Chobhair nam Ban (*Women's Aid*). Bha Seirbheisean Slàinte Inntinn do Chloinn agus Òigridh (SSICO) air an solarachadh tro lighiche-inntinn tadhail agus luchd-obrach ionadail. Cha robh seirbheisean gu leòr ann gus clann a bha a' mì-chleachdadh deoch-làidir a chuideachadh. Bha na bu lugha de sheirbheisean rim faotainn do chloinn a bha a' fuireach ann an Uibhist agus Barraigh. Cha robhar a' coinneachadh cho cunbhalach ris na feumalachdan acasan an coimeas ri cloinn a' fuireach ann an sgìrean eile.

4. Dè cho math 's a tha seirbheisean a' brosnachadh mothachadh poblach a thaobh dìon chloinne?

Bha seirbheisean air gnìomh èifeachdach a dhèanamh gus mothachadh poblach àrdachadh a thaobh dìon chloinne le bhith a' taisbeanadh raon de phostairean agus bhileagan ann an àiteachan poblach. Bha Comataidh Dìon na Cloinne (CDC) air deagh fheum a dhèanamh den làraich-lìn aice gus fiosrachadh a sgaoileadh don phoball. B'urrainn do bhuill den phoball draghan a thogail mu mhaitheas chloinne aig àm sam bith agus bha seirbheisean obair shòisealta agus poileis a' freagairt gu math gus dèanamh cinnteach gun robh clann sàbhailte. Cha robh seirbheisean a' toirt fios air ais freagarrach do luchd-tar-chur anns a h-uile suidheachadh.

A bhith mothachail mu bhith a' dìon chloinne

Bha fìor dheagh fhios aig a' phoball mu shàbhailteachd agus dìon chloinne. Bha seirbheisean air raon cuideachail de dh'fhoillseachaidhean a dhèanamh, nam measg postairean agus bileagan a bha air an taisbeanadh gu farsaing ann an raointean-fàilteachais oifis, raointean-feitheimh ospadalan, leabharlannan agus oifisean-puist. Bha an CDC a' dèanamh deagh fheum den làraich-lìn aice gus fiosrachadh a sgaoileadh don phoball. Bha an co-òrdanaiche CDC a' toirt taisbeanaidhean feumail seachad gu cunbhalach do bhuidhnean coimhearsnachd a thaobh obair an CDC. Bha seirbheisean air grunn iomairtean a bhrosnachadh a bha air aire a' phobail a thogail a thaobh dìon chloinne. Bha an Sgioba Gnìomh airson Deoch-làidir agus Drugaichean (SADD) air iomairt postair a dhèanamh gus fios a sgaoileadh mu òl fo aois. Bha SNS nan Eilean Siar air bileag meud-sporain a dhèanamh anns an robh fiosrachadh bunaiteach mu dhìon chloinne agus bha iad air a thoirt seachad do gach ball den luchd-obrach. Bha fios air ais mu na dòighean san robh seo air cuideachadh gus aire àrdachadh mu dhìon chloinne air a bhith cho math is gun deach sgaoileadh a leudachadh gu luchd-obrach uile san ùghdarras ionadail agus sa phoileas.

Bha fios aig buill den phoball air càite agus ciamar a dh'aithriseadh iad draghan mu chloinn. Bha fianais ann gun deach tar-chur a dhèanamh bho grunn àiteachan. Bha iad seo a' gabhail a-steach an teaghlach farsaing, buill den phoball, agus gairmean agus litrichean gun ainm. Bha luchd-tar-chur air raon dhraghan mu mhaitheas agus sàbhailteachd chloinne a thogail. Rinn proifeiseantaich gnìomh iomchaidh mu choinneamh gach tar-chur. Cha robh cuid de luchd-tar-chur air fios air ais gu leòr fhaighinn mun gnìomh a chaidh a dhèanamh as dèidh dhaibh draghan a thogail mu

leanabh. Bha manaidsearan an lùib litir fhoirmeil fios-freagairt a dheasachadh airson luchd-tar-chur uile. Bha rèiteachaidhean iomchaidh aig luchd-obrach shòisealta agus poileas gus freagairt ri draghan aig gach àm. Bha àireamhan fòna èiginn airson an cleachdadh taobh a-muigh uaireannan oifis àbhaisteach air an taisbeanadh gu follaiseach air bileagan poblach, san leabhar-fòn ionadail agus air làrach-lìn an CDC.

5. Dè cho math 's a tha lìbhrigeadh nam prìomh phròiseasan?

Rinn luchd-obrach cinnteach gun robh clann agus teaghlaichean a' gabhail com-pàirt ann an co-dhùnaidhean mun beatha. Bha co-roinn fiosrachaidh air a dheagh stèidheachadh agus bha e gu h-àraid làidir eadar poileas agus obair-shòisealta. Ach, cha robh am fiosrachadh a bha air a cho-roinn agus na co-dhùnaidhean a chaidh a dhèanamh an còmhnaidh air an clàradh gu math. Bha luchd-obrach thar seirbheisean furachail a thaobh cunnartan do chloinn. Cha robhar a' cur aghaidh ri cunnartan agus feumalachdan san ùine nas fhaide anns a h-uile suidheachadh. Bha an t-Seirbheis Obair-shòisealta air a bhith soirbheachail ann a bhith a' leasachadh dealbhadh gus coinneachadh ri feumalachdan chloinne. Bha clann a' faighinn barrachd seasmhachd agus tèarainteachd mar thoradh.

A' com-pàirteachadh chloinne agus nan teaghlaichean aca

Bha rèiteachaidhean gus clann agus teaghlaichean a chom-pàirteachadh math. Uile gu lèir, bha luchd-obrach a' conaltradh gu math le teaghlaichean gus an cuideachadh a' tuigsinn na bha a' tachairt. Chaidh bileagan fiosrachaidh mu phròiseasan dìon cloinne an ath-sgrìobhadh o chionn ghoirid agus bha iad rim faotainn do theaghlaichean. Bha luchd-obrach a' brosnachadh phàrantan a bhith an làthair aig co-labhairtean cùise agus bha clann thairis air 12 bliadhna air am fiathachadh gu riaghailteach gus coinneamhan a fhrithealadh. Bha luchd-obrach shòisealta a' dèanamh rèiteachaidhean siubhail freagarrach agus bha iad faiceallach gun robh iad a' cur choinneamhan air dòigh aig amannan agus àiteachan far am b'urrainn do phàrantan a bhith an làthair. Bha luchd-obrach shòisealta gnìomhach ann a bhith a' sireadh bheachdan chloinne agus bha iad gan clàradh ann an aithisgean a bha air an taisbeanadh aig a' choinneimh. Bha iad a' deasachadh theaghlaichean airson co-labhairtean cùise le bhith gan coinneachadh ro-làimh gus bruidhinn mun phròiseas agus builean na co-labhairt cùise. Bha pàrantan agus clann a bha a' frithealadh choinneamhan a' faighinn lethbhreacan de dh'aithisgean a bha luchd-obrach air a dheasachadh. Ann an cuid de chùisean cha deach an toirt dhaibh ro-làimh. Rinn luchd-obrach deagh fheum de bhuidhnean teaghlaich no coinneamhan neo-fhoirmeil taobh a-muigh cho-labhairtean cùise. Chuidich seo gus obair a dhealbhadh agus bha e a' com-pàirteachadh theaghlaichean ann an co-dhùnaidhean a bha a' toirt buaidh orra. Bha èisteachdan chloinne a' gabhail suim de bheachdan chloinne nuair a bhathar a' dèanamh nan co-dhùnaidhean aca. Rinn buill pannail ùine rè èisteachdan gus bruidhinn ri cloinn gun inbhich eile a bhith an làthair. Bha luchd-obrach a' brosnachadh chloinne gus na foirmichean

Having Your Say, a bha Neach-aithris na Cloinne air a sgaoileadh, a chur a-steach chun a' phannail, agus bha mòran chloinne a' dèanamh sin. Bha dìonadairean neo-eisimeileach a' riochdachadh math na cloinne agus ag aithris an cuid bheachdan don phannail. Bha Pròiseact Tagraidh nan Eilean Siar a' toirt taic do chloinn a thaobh foirmichean a lìonadh agus litrichean a sgrìobhadh ag innse nam beachdan aca agus gus a bhith an làthair aig cuid de choinneamhan a bha a' toirt buaidh orra. Bha Neach-aithris na Cloinne a' tar-chur chloinne chun a' phròiseict tagraidh. Bha neach-tagraidh na cloinne a' cur eòlas air a' chloinn a bha air an coimhead as an dèidh aig aonad-còmhnaidh Hillcrest tro bhith a' cumail choinneamhan ann gach mìos. Bha luchd-obrach DCN gu riaghailteach a' sireadh beachdan chloinne agus theaghlaichean leis an robh iad ag obair. Bha iad a' toirt taic mhothachail do chloinn, a bha air an coimhead as an dèidh, gus com-pàirt a ghabhail ann an coinneamhan ath-bhreithneachaidh. Ach, cha robh daoine òga a' faighinn taic riaghailteach bho thagraiche neo-eisimeileach nuair a bha iad a' frithealadh cho-labhairtean cùise. Ann an cuid de chùisean, bha aig na h-aon luchd-obrach shòisealta ri beachdan an dà chuid nam pàrant agus na cloinne a riochdachadh ann an coinneamhan cudromach airson co-dhùnaidhean a dhèanamh. Bha àireamh bheag de theaghlaichean a bha air a bhith an lùib cho-sgrùdaidhean leis a' phoileas agus luchd-obrach shòisealta air am fàgail mì-chinnteach mu na thachradh as dèidh sin.

Bha poileasaidhean agus modhan soilleir aig na seirbheisean uile airson a bhith a' làimhseachadh ghearanan. Bha fiosrachadh sgrìobhte a bha a' toirt mìneachadh soilleir mu dhòighean gus gearan a dhèanamh, ri fhaotainn do theaghlaichean. Bha seo cuideachd air a thaisbeanadh ann an oifisean poblach. Bha modhan ann gus fios air ais a thoirt do luchd-ghearain, a bha a' gabhail a-steach fiosrachadh mu dhòighean gus ath-bhreithneachadh fhaighinn no tagradh a dhèanamh an aghaidh co-dhùnadh ma bha iad fhathast mì-riaraichte. Cha d'fhuair gin de na seirbheisean ach àireamh bheag de ghearanan foirmeil. Ann an cuid de chùisean chaidh mì-riarachas a rèiteach gu h-ionadail. Ann an àireamh bheag de chùisean cha deach comhairle a thoirt do chloinn a thaobh a' mhodh gearain.

A' Co-roinn agus a' clàradh fiosrachadh

Bha pròiseasan iomchaidh aig seirbheisean airson a bhith a' co-roinn fiosrachadh. Bha tuigse fhìor mhath aig luchd-obrach mu na dleastanasan aca gus fiosrachadh iomchaidh a cho-roinn. Bhathar a' cleachdadh an dà chuid lionraidhean foirmeil agus neo-fhoirmeil gus seo a dhèanamh. Cha robh seirbheisean a' dèanamh clàradh cunbhalach air an fhiosrachadh uile a bhathar a' co-roinn no na co-dhùnaidhean uile a bhathar a' dèanamh. Bha pròiseasan co-roinn fiosrachaidh fìor mhath aig a' phoileas agus obair-shòisealta. Bha luchd-obrach foghlaim agus obair-shòisealta gu cunbhalach a' co-roinn fiosrachadh mu chloinn leis an robh iad ag obair. Cha robh luchd-obrach slàinte gu dìreach an sàs ann an deasbaireachdan tùsail a thaobh tar-cur ach bha luchd-obrach obair-shòisealta gu riaghailteach a' sireadh agus a' clàradh am beachdan. Cha robh cothrom aig cuid de luchd-tadhail slàinte air faighinn gu dìreach gu siostaman coimpiutaireachd Dhotairean Teaghlaich, agus bha seo ga dhèanamh doirbh a bhith a' cruinneachadh fiosrachadh slàinte iomlan.

Bha na puingean a leanas am measg feartan àraid co-roinn fiosrachaidh:

- Bha poileis agus obair-shòisealta a' conaltradh gu fìor èifeachdach agus a' sireadh fiosrachadh bho sheirbheisean iomchaidh nuair a dheidheadh draghan a thogail mu leanabh.
- Bha a' mhòr-chuid den luchd-obrach a' co-roinn draghan le luchd-obrach obair-shòisealta ged nach robhar an còmhnaidh a' dèanamh seo ann an sgrìobhadh.
- Bha leasachadh air rianachd an CDC air cothrom na b' fheàrr a thoirt do luchd-obrach air fhaicinn agus air dèanamh cinnteach gun robh an clàr air ùrachadh gu grad.
- Bha a' Chomhairle air stòr-dàta luachmhor a leasachadh do chloinn sho-leònte a bha air a chleachdadh gus fiosrachadh a cho-roinn eadar na seirbheisean Foghlaim agus Obair-shòisealta.
- Bha leasachadh a chaidh a dhèanamh air sgaoileadh gearr-chunntasan cho-labhairtean cùise air dèanamh cinnteach gun robh luchd-obrach iomchaidh uile mothachail mu shuidheachaidhean agus feumalachdan chloinne.
- Cha robh aontaidhean ann a thaobh co-roinn fiosrachaidh mu dhaoine òga a bhith a' sireadh casg-gineamhainn no comhairle slàinte feise, no iadsan a bha a' faighinn leigheas airson mì-chleachdadh stuthan.

- Ged a bhathar a' dèanamh clàr sgrìobhte gu riaghailteach aig coinneamhan foirmeil, 's ann ainneamh a bha seo air a dhèanamh aig coinneamhan co-roinn fiosrachaidh neo-fhoirmeil.

Bha clàradh fiosrachaidh ann am faidhlichean cùise caochlaideach. Bha clàr thachartasan, ann an òrdan a rèir ama, sa chuid a bu mhotha de dh'fhaidhlichean, ach cha robhar gu riaghailteach gan co-roinn eadar seirbheisean. Bha deagh structar aig faidhlichean poileis agus bha iad a' toirt seachad clàr cuideachail de dh'obair a bha oifigearan air a dhèanamh. Bha clàran Neach-aithris na Cloinne cuimseach agus air an cumail ann an deagh òrdan. Bha clàran obair-shòisealta caochlaideach, bho fhaidhlichean a bha air an cumail ann am fìor dheagh òrdan le clàradh cuimseach, gu feadhainn le structar truagh agus beàrnan mòra. Cha robh faidhlichean foghlaim a' gabhail a-steach fiosrachadh iomchaidh dìon chloinne anns gach suidheachadh no tar-fhiosrachadh ag innse far an robh stuthan leithid seo air an tasgadh. Bha clàran adhartas sgoilearan neo-chrìochnaichte ann an cuid de dh'fhaidhlichean. Cha robh cuid de chlàran slàinte chloinne a' gabhail a-steach fiosrachadh clàraidh no dìon chloinne iomchaidh uile.

Bha luchd-obrach, a gabhail a-steach an fheadhainn a bha ag obair le inbhich, a' gabhail cùram gun robh buill teaghlaich a' tuigsinn gun robh sàbhailteachd chloinne a' toirt bàrr air còraichean a thaobh dìomhaireachd. Bha iad ag innse do chloinn agus do theaghlaichean nuair a bha fiosrachadh mun deidhinn air a cho-roinn. Bha fios aig luchd-obrach mu na suidheachaidhean sam feumadh iad aonta bho chloinn agus theaghlaichean gus fiosrachadh a cho-roinn ach cha robh siostam foirmeil gus aonta sgrìobhte fhaotainn ach aig DCN a-mhàin. Cha robh clann agus teaghlaichean an còmhnaidh mothachail mun fhiosrachadh a chaidh a chlàradh mun deidhinn le luchd-obrach thar seirbheisean. Bha fiosrachadh cuingealaichte air a thoirt seachad a thaobh còraichean neach fa leth gus faidhlichean fhaicinn.

Bha rèiteachaidhean èifeachdach suidhichte eadar Poileas a' Chinn a Tuath, an t-ùghdarras ionadail agus Com-pàirteachas Taigheadas nan Eilean Siar (CTES) gus fiosrachadh a' buntainn ri eucoirich feise a cho-roinn agus a chlàradh.

Ach, bha an t-aonta eadar-bhuidhneach aosta agus cha robh e a' cumail ri cleachdadh làithreach. Bha luchd-obrach taigheadais a' cumail sgrùdaidhean teann leis na seirbheisean iomchaidh uile mus deidheadh dachaigh a thoirt do neach a bha aithnichte mar eucoireach feise. Bha coinneamhan ceangail riaghailteach air an cumail eadar poileas agus obair-shòisealta. Bha Clàr nan Eucoireach Ainneartach agus Feise (*ViSOR*) air a ghnìomhachadh bho chionn ghoirid agus bhathar an dùil gun neartaicheadh seo stiùireadh agus clàradh fiosrachaidh. Bha oifigearan poileis earbsach ann a bhith a' cruinneachadh agus a' clàradh fiosrachadh gus sgrùdadh a chuideachadh tro sgaoileadh fiosrachaidh neartaichte.

Ag aithneachadh agus a' measadh chunnartan agus fheumalachdan

Bha aithneachadh agus measadh chunnartan agus fheumalachdan iomchaidh. Bha luchd-obrach, a' gabhail a-steach iadsan nach robh ag obair gu dlùth le cloinn, furachail a thaobh draghan mu chloinn. Bha poileas agus luchd-obrach shòisealta a' dol an gnìomh gu grad nuair a bha clann an lùib tachartas sam bith. Bha iad a' cumail dheasbaireachdan tùsail gus fiosrachadh a chruinneachadh agus gus an t-slighe air adhart a dhealbhadh. Bha dealas làidir ann bho dhotairean teaghlaich, agus bha cuid aca air eòlas agus sgil fìor àrd a leasachadh a thaobh a bhith ag aithneachadh agus a' coinneachadh ri cunnartan. Bha siostaman èifeachdach suidhichte an dà chuid aig SNS 24 agus Seirbheis Charbadan Eiridinn na h-Alba gus cunnartan a mheasadh. Uile gu lèir, dh'fheumadh cùisean a thighinn gu droch chàradh mus deidheadh cunnartan do chloinn bho mhì-chleachdadh deoch-làidir san ùine-fhada aithneachadh. Airson cuid de chloinn le pàrantan a bha a' mì-cleachdadh deoch-làidir, cha deach draghan a thogail gus an robh nithean air ìre robh àrd a ruighinn. Cha robh measadh cunnairt foirmeil no aonta tar-chur ann do chloinn fo-aois a bha aithnichte airson a bhith ag òl. Cha robh fiosrachadh iomlan an còmhnaidh aig seirbheisean Tubaist agus Èiginn ionadail mu chloinn a bha air an CDC. Cha robhar an còmhnaidh a' co-roinn fiosrachadh iomchaidh le luchd-obrach eile taobh a-staigh an ospadail aig an robh buntanas ri cloinn.

Bha àireamhan làthaireachd math aig co-labhairtean cùise. Bha leasachaidhean air a bhith ann bho chionn ghoirid ann an dèanamh agus sgaoileadh geàrr-chunntasan cho-labhairtean cùise. Bha cuid de luchd-obrach shòisealta air measaidhean fiosrachail le deagh structar a sholarachadh a thaobh chunnartan agus feumalachdan. Bha iad seo a' comharrachadh feartan dìon agus cunnairt gu soilleir agus a' toirt seachad mion-fhiosrachadh mu fheumalachdan chloinne fa leth ann an

teaghlaichean. Chaidh cruth feumail airson a bhith a' measadh cunnairt a thoirt a-steach bho chionn ghoirid. Bha aig cuid de luchd-obrach shòisealta fhathast ri fàs làn chomasach agus misneachail ann a bhith ga chleachdadh. Bha cuid de luchd-tadhail slàinte a' cleachdadh dòigh cuideachail airson a bhith a' measadh chunnartan agus feumalachdan. Bha aithisgean a bha air an toirt seachad airson co-labhairtean cùise agus èisteachdan cloinne cuimseach agus de dh'inbhe àrd. Bha luchd-obrach shòisealta a' dèanamh mheasaidhean èifeachdach air buill an teaghlaich fharsaing a bha a' solarachadh cùram làn-ùine do chloinn. Bha fiosrachadh a bha cudromach airson a bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean uaireannan air a thoirt seachad gu labhairteach. Cha robhar an còmhnaidh a' clàradh no a' co-roinn cho-dhùnaidhean le buidhnean eile. Bha cuid de luchd-obrach fìor sgileil ann a bhith ag aithneachadh pàtrain giùlain. Bha iad air clàran feumail a dhèanamh de thachartasan cudromach ann am beatha chloinne, anns an òrdan a thachair iad. Cha robh an luchd-obrach uile a' tuigsinn nan dòighean a b'fheàrr gus feum a dhèanamh de na clàran a rèir ama gus pàtrain agus cunnartan a chomharrachadh.

Bha luchd-obrach le trèanadh agus eòlas a' dèanamh agallamhan co-sgrùdail gu h-èifeachdach. Bha cothrom aig poileas agus luchd-obrach sòisealta ceangal a dhèanamh ri dotairean teaghlaich 24 uairean a thìde san latha. Bha iad gu riaghailteach a' sireadh fiosrachadh bho luchd-obrach slàinte nuair a dheidheadh draghan a thogail mu chloinn. Ach, cha robh luchd-obrach slàinte gu dìreach an lùib deasbaireachdan tar-chur tùsail. Bha duilgheadasan air a bhith ann airson ùine mhòir a thaobh dotair cloinne fhastadh. Ach, bha cuid de dhotairean teaghlaich ionadail air na sgilean a thogail gus coinneachadh gu h-èifeachdach ri feumalachdan chloinne. Bha cothrom aig dotairean teaghlaich air comhairle speisealta bho dhotairean chloinne agus lannsairean poileis air an tìr-mhòr. Cha robh clann air an toirt gu tìr-mòr airson sgrùdaidhean meidigeach ach nuair a bha sin riatanach.

Bha luchd-obrach thar nan seirbheisean uile ag aithneachadh gun robh pàrantan a bha a' mì-chleachdadh stuthan a' thoirt droch bhuaidh air cloinn. Cha robh cuid eòlach air an stiùireadh nàiseanta mu bhith a' measadh chunnartan do chloinn le pàrantan a bha a' mì-chleachdadh deoch-làidir no drugaichean.

Bha fios glè mhath aig luchd-obrach speisealta mì-chleachdadh stuthan air a' bhuidhe a bha aig deoch-làidir agus drugaichean air cloinn an dà chuid san ùine ghoirid agus san ùine fhada. Aig a' chiad cheangal le teaghlaichean, bha iad a' dèanamh measadh cunnairt cuimseach airson a bhith a' dìon chloinne agus a' coinneachadh ris na feumalachdan aca. Bha an SGDD agus an CDC a' leasachadh stiùireadh airson luchd-obrach agus aontaidhean eadar seirbheisean a thaobh dòighean-obrach cumanta. Bha dàil air a bhith ann a thaobh planaichean a chur air adhart airson neach-obrach speisealta gus clann a bha a' fulang bho bhuidhe deoch-làidir agus drugaichean a chuideachadh.

A' dealbhadh gus feumalachdan a choinneachadh

Uile gu lèir, bha dealbhadh gus feumalachdan chloinne a choinneachadh math. Bha neach-obrach sòisealta ainmichte ann airson gach leanabh air an CDC agus dhaibhsan le draghan aithnichte. Bha luchd-obrach shòisealta a' dèanamh phlanaichean èifeachdach airson suidheachaidhean èiginn agus bha iad a' com-pàirteachadh buill den teaghlach fharsaing gus mì-rian a lùghdachadh do chloinn. Bha measgachadh de choinneamhan ann far an robh luchd-obrach a' tighinn còmhla gus dealbhadh do chloinn. Bha siostam air a dheagh shuidheachadh aig Seirbheis an Fhoghlaim gus taic a bharrachd a thoirt do chloinn sho-leònte, a' gabhail a-steach clann air an CDC. Cha robh siostaman èifeachdach ann gus dèanamh cinnteach gun robhar a' coinneachadh ri feumalachdan chloinne le ciorraman, agus feumalachdan nan teaghlaichean aca.

Bha stiùireadh èifeachdach bhon luchd-cathrach ann an co-labhairtean cùise agus ath-bhreithneachaidhean do chloinn a bha air an coimhead as an dèidh air cuideachadh gu mòr gus dèanamh cho-dhùnaidhean a leasachadh. Bha luchd-obrach iomchaidh an làthair aig co-labhairtean cùise agus a' cur ri planaichean gus clann a chumail sàbhailte agus na feumalachdan aca a choinneachadh. Bha buill an teaghlaich fharsaing agus luchd-cùraim a' cur ri planaichean airson cùram chloinne san ùine ghoirid agus fhada. Bha co-thrèanadh a' cuideachadh luchd-obrach gus com-pàirt a ghabhail le misneachd ann an co-labhairtean cùise. Uile gu lèir, bhathar a' sgaoileadh geàrr-chunntasan co-labhairt cùise gu luath agus gu h-earbsach gu luchd-obrach iomchaidh. Cha robh cruth coitcheann ann airson plana dìon chloinne. Cha robh cuid de phlanaichean a' comharrachadh dhleastanasan dhaoine fa leth no na goireasan uile a bha a dhìth.

Chaidh coinneamhan buidhne bunaiteach gus sgrùdadh agus measadh a dhèanamh air gnìomhachadh planaichean dìon chloinne a thoirt a-steach

thar na bliadhna sin. Uile gu lèir, bha iad ag obair gu cunbhalach gus dèanamh cinnteach gun robhar a' coinneachadh ri feumalachdan chloinne. Bha luchd-obrach iomchaidh bho raon sheirbheisean a' cur ris an obair, a' gabhail a-steach luchd-obrach bho sheirbheisean ceartas eucoir agus mì-chleachdadh dhrugaichean. Bha buidhnean bunaiteach a' dèanamh cinnteach gun robhar an-còmhnaidh a' dèanamh adhartas agus a' dol an gnìomh gu luath nuair a bha suidheachaidhean ag atharrachadh. Ann an àireamh bheag de shuidheachaidhean chaidh buidhnean bunaiteach a chur air dòigh ach cha robh e comasach dhaibh coinneachadh gu riaghailteach seach nach b'urrainn do phrìomh luchd-obrach a bhith an làthair. Bha cuid de bhuidhnean bunaiteach ann a bha a' com-pàirteachadh phàrantan gu h-èifeachdach ach cha robh cuid den luchd-obrach soilleir mun uiread com-pàirt a bu chòir a bhith aig pàrantan.

Bha an t-Seirbheis Obair-shòisealta air gnìomh a chur an-sàs gus dèanamh cinnteach gun robhar a' dèanamh ath-bhreithneachadh riaghailteach air suidheachaidhean chloinne a bha air an coimhead as an dèidh. Bha clann, teaghlaichean agus luchd-obrach iomchaidh an sàs ann a bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean. Bha am pannal uchd-mhacachd agus daltachais a' dèanamh ath-bhreithneachadh gu riaghailteach air luchd-cùraim daltachais. Bha e air a dhol an gnìomh gus tèarainteachd laghail a thoirt do chloinn nach b'urrainn tilleadh dhachaigh agus iadsan a bha gan togail le càirdean. Bha fianais ann gun tàinig leasachadh susbainteach air dealbhadh ùine-fhada thar na bliadhna mu dheireadh. Ann an àireamh bheag de chùisean, cha robhar a' beachdachadh gu leòr air a' bhuidhean a bha aig tòrr ghreisean beaga fo chùram chàirdean air cloinn.

6. Dè cho math 's a tha stiùireadh obrachail ann a bhith a' dìon chloinne agus a' coinneachadh ris na feumalachdan aca?

Bha poileasaidhean agus modhan freagarrach aig seirbheisean dìon chloinne gus taic a thoirt do luchd-obrach san obair aca. Bha luchd-obrach a' dèanamh feum èifeachdach de stiùiridhean dìon chloinne ioma-bhuidhneach a chaidh ath-sgrìobhadh bho chionn ghoirid. Cha robh deagh thuigse aig an luchd-obrach mun Phlana Sheirbheisean Chloinne Amalaichte (PSCA), agus cha robh ach beagan com-pàirteachais aca san leasachadh aige. Bha aig seirbheisean fhathast ri dealbhadh gu dòigheil còmhla gus beàrnan ann an seirbheis a chomharrachadh agus gus feumalachdan a choinneachadh. Bha cion dòigh-làimhseachaidh cho-chòrdail ann a thaobh a bhith a' com-pàirteachadh chloinne agus theaghlaichean ann a bhith a' leasachadh sheirbheisean. Bha ceumannan èifeachdach ann an àite airson luchd-obrach fhastadh gu sàbhailte. Bha a' mhòr chuid den luchd-obrach air buannachadh à prògram trèanaidh a bha air a dheagh bheachdachadh ach cha robh cuid air trèanadh dìon chloinne fhaotainn aig an ìre a bha a dhìth orra.

| Cuspair | Beachdan |
|----------------------------|---|
| Poileasaidhean agus modhan | Uile gu lèir, bha raon math de phoileasaidhean agus mhodhan thar nan seirbheisean uile. Bha luchd-obrach a' dèanamh deagh fheum de na stiùiridhean dìon chloinne eadar-bhuidhneach a chaidh ùrachadh bho chionn ghoirid. Bha dreuchd cheannardach aig an CDC ann a bhith a' dèanamh cinnteach gun robh iad seo air an sgaoileadh gu na buidhnean uile agus gun robh na modhan fhathast làithreach. Bha SNS nan Eilean Siar agus an t-Seirbheis Obair-shòisealta air na modhan eagrachail aca fhèin ùrachadh ach bha dàil air a bhith ann a thaobh an crìochnachadh. Cha robh stiùireadh a bha air a thoirt seachad do luchd-obrach sna Seirbheisean Foghlaim agus Cur-seachad agus Ionnsachaidh a' freagairt gu tur ris an stiùireadh |

| | |
|---------------------|---|
| | <p>eadar-bhuidhneach ath-sgrìobhte. Bha aonta co-roinn fiosrachaidh air aontachadh leis na seirbheisean uile a' toirt seachad dòigh-làimhseachaidh chunbhalach a thaobh dìon chloinne.</p> |
| Dealbhadh Obrachail | <p>Uile gu lèir, b'ann lag a bha dealbhadh obrachail gus clann a dhìon. Bha am PSCA mionaideach agus chomharraich e prìomh raointean airson leasachadh ach cha deach co-chomhairle a chumail le mòran luchd-ùidh rè na h-ìre leasachaidh. Cha robh seilbh shoilleir ann thar sheirbheisean agus cha robh mòran eòlais mun a' phlana aig luchd-obrach aig ìre bhunaiteach. Bha dleastanas aig an Fhòram Maitheas Coimhearsnachd airson a bhith a' sgrùdadh agus ag ath-bhreithneachadh a' PSCA ach cha robh iad air am plana fhaicinn ach ann an cumadh dreachd. Ged a bha seirbheisean uile air fiosrachadh a chruinneachadh mu sheirbheisean chloinne, b'ann cuingealaichte a bha dòighean gus seo a cho-roinn airson beàrnan a chomharrachadh agus gus seirbheisean a dhealbhadh airson feumalachdan a choinneachadh. Bha dìth siostam clàraidh dealanach èifeachdach san t-Seirbheis Obair-shòisealta a' cur bacadh air oidhirpean gus dàta feumail a chur còmhla. Bha an CDC a' cruinneachadh fiosrachadh mu làthaireachd aig buidhnean bunaiteach agus co-labhairtean cùise agus bha e a' tòiseachadh air sùil a chumail air co-dhùnaidhean a chaidh a dhèanamh. Cha robhar a' cleachdadh fiosrachadh stiùiridh gu</p> |

| | |
|---|--|
| | riaghailteach gus seirbheisean a dhealbhadh no gus sgrùdadh a dhèanamh air an èifeachdais. |
| Com-pàirteachas chloinne, an teaghlaichean agus daoine iomchaidh eile ann an leasachadh poileasaidh | Bha com-pàirteachas iomchaidh ann an leasachadh poileasaidh ann do chloinn, an teaghlaichean agus daoine freagarrach eile. Chaidh cafèthean òigridh a stèidheachadh mar thoradh air co-chomhairle le daoine òga. Bha pàrantan bho ghrunn choimhearsnachdan air cur ris an ro-innleachd <i>Sure Start</i> . Bha Seirbheis an Fhoghlaim air beachdan chloinne a shireadh air giùlain mì-shòisealta. Bha comhairlean sgoileir aig na sgoiltean uile ged nach robh cuid dhiubh air coinneachadh airson ùine mhath. Bha daoine òga air a bhith an sàs ann an dealbhadh ro-innleachd slàinte feise. Bha clann air deagh chom-pàirt a ghabhail ann am Pàrlamaid na Cloinne ged nach robh mòran buaidh fhathast aig a' bhuidhinn seo air seirbheisean ionadail no prìomhachasan dealbhaidh. Bha beagan co-chomhairleachaidh air a bhith ann le cloinn agus teaghlaichean air leasachadh a' PSCA. |
| Fastadh agus gleidheadh luchd-obrach | Bha rèiteachaidhean airson fastadh agus gleidheadh luchd-obrach math. Bha luchd-obrach sna buidhnean uile a' sealltainn mothachadh mu cheistean dìon chloinne agus bha deagh mheasgachadh sgilean ann airson obair dìon chloinne. Bha co-dhealbhadh a' tòiseachadh eadar buidhnean gus dèanamh cinnteach à luchd-obrach gu leòr airson obair dìon chloinne ach cha robh e fhathast stèidhichte. Bha cuid de |

| | |
|--------------------------------|--|
| | <p>dhreuchdan air an lìonadh air stèidh shealach no làcum. Bha modhan suidhichte aig gach buidheann airson a bhith a' fastadh agus a' sgrùdadh, agus bha seo a' toirt bàrr air riatanasan reachdail ann an cuid de chùisean. Bha poileasaidhean ann an àite airson a bhith a' sgrùdadh chasaidean droch dhìol an aghaidh luchd-obrach le ceanglaichean soilleir ri modhan dìon chloinne.</p> |
| <p>Leasachadh luchd-obrach</p> | <p>Bha leasachadh luchd-obrach math. Bha manaidsearan a' dèanamh cinnteach gun robh deagh chothrom aig an luchd-obrach bruidhinn riutha. Bha rèiteachaidhean soilleir aig seirbheisean gus comhairle, taic agus stiùireadh a thoirt do luchd-obrach an lùib obair dìon chloinne. Ann an SNS nan Eilean Siar agus an t-Seirbheis Obair-shòisealta cha robh iad seo air an gnìomhachadh gu cunbhalach. Bha oifigearan stiùiridh agus an CDC air prògram trèanaidh fìor iomlan a leasachadh, stèidhichte air sgrùdadh air feumalachdan anns gach buidheann. Bha am prògram seo ri fhaotainn gu farsaing agus bha ìrean àrda de mhothachadh luchd-obrach a thaobh dìon chloinne thar buidhnean com-pàirteachaidh air tighinn às. Bha grunn luchd-obrach air sgìlean a bharrachd a leasachadh a thaobh obair dìon chloinne. Cha robh cothrom fhathast aig cuid den luchd-obrach air an trèanadh a bha ri fhaotainn.</p> |

7. Dè cho math 's a tha ceannardas fa leth agus coitcheann?

Bha lèirsinn agus amasan soilleir aig seirbheisean airson a bhith a' dìon chloinne. Bha lèirsinn cho-roinnte air a ghabhail a-steach sa Phlana Seirbheis Chloinne Amalaichte (PSCA) ach bha feum aig a seo air brosnachadh nas farsainge am measg luchd-obrach. Bha luchd-obrach sna seirbheisean uile a' toirt prìomhachas do bhith a' dìon chloinne. Bha Comataidh Dìon na Cloinne (CDC) air deagh stiùir a ghabhail ann a bhith a' leasachadh sheirbheisean. Bha manaidsearan air a dhol an gnìomh gus molaidhean bho sgrùdaidhean a rinneadh roimhe a chur an sàs. Bha fèin-mheasadh taobh a-staigh sheirbheisean fa leth a' leasachadh ach cha deach a thoirt còmhla fhathast gus measadh a dhèanamh air dè cho math 's a bha seirbheisean ag obair còmhla. Cha robh aontachadh phrìomhachasan co-roinnte airson coinneachadh ri feumalachdan chloinne ach aig ìre thràth fhathast.

Lèirsinn, luachan agus amasan

Bha lèirsinn, luachan agus amasan gus clann a dhìon iomchaidh. Bha lèirsinn, luachan agus amasan soilleir aig seirbheisean fa leth a thaobh a bhith a' dìon chloinne. Bha àrd-oifigearan air dleastanas còmhla a ghabhail os làimh airson a bhith a' dìon chloinne ach cha deach seo a làn ghnìomhachadh fhathast ann an seirbheisean ùghdarras ionadail uile. Cha deach ach aire chuingealaichte a thoirt do chùisean iomadachd.

- Bha buill thaghte san ùghdarras ionadail soilleir mun lèirsinn aca airson clann uile a chuideachadh gus an comas as àirde aca a ruigsinn agus bha iad a' faicinn dìon chloinne mar shàr phrìomhachas. Bha an Ceannard a' sealltainn dealas làidir do dhìon chloinne agus bha e na chathraiche èifeachdach agus eòlach den Bhuidheann Àrd-oifigearan. Bha luchd-obrach sna seirbheisean Obair-shòisealta, Foghlaim, Cur-seachad agus Ionnsachaidh a' toirt prìomhachas agus cudrom do dhìon chloinne.
- Bha Ceannard ùr SNS nan Eilean Siar a' toirt prìomhachas do bhith a' leasachadh sheirbheisean chloinne agus a' brosnachadh dìon chloinne san dreuchd aige. Bha àrd-oifigearan ann an SNS nan Eilean Siar air a dhol an gnìomh air molaidhean bho sgrùdaidhean a rinneadh roimhe agus bha iad air goireasan a thasgadh ann a bhith a' leasachadh sheirbheisean gus clann a dhìon.
- Bha Àrd Chonstabal Poileis a' Chinn a Tuath agus Ceannard Poileis Sgìre nan Eilean Siar air lèirsinn làidir a shealltainn airson a

bhith a' dìon chloinne agus bha iad a' dèanamh cinnteach gun robhar a' toirt prìomhachas àrd dhan a seo taobh a-staigh na feachd. Bha e soilleir gun robh oifigearan mothachail mu na dleastanasan aca a thaobh a bhith a' dìon chloinne agus an teaghlaichean.

Mhìnich an PSCA lèirsinn cho-roinnte gus an toiseach tòiseachaidh a b'fheàrr nam beatha a thoirt do chloinn agus gus an cumail sàbhailte. Cha robh manaidsearan obrachaidh agus luchd-obrach thar nan seirbheisean fìor eòlach air a' phlana. Cha robh ach eòlas cuingealaichte ann a thaobh mar a bha am plana a' ceangal ri obair an CDC. Cha robh luchd-obrach a' coimhead ris mar phrìomh sgrìobhainn gus prìomhachasan a chomharrachadh.

Ceannardas agus Iùl

Bha an ceannardas agus an iùl a thaobh dìon chloinne math. Bha Ceannardan an ùghdarrais ionadail agus SNS nan Eilean Siar, agus Ceannard Poileis na Sgìre a' gabhail sùim chudromach do na dleastanasan dìon chloinne a bha aca fa leth agus còmhla. Taobh a-staigh an ùghdarrais ionadail tha ceannardas poileataigeach seasmhach air a bhith ann agus bha buill thaghte mothachail mun co-theacsa nàiseanta san robhar a' libhrigeadh nan seirbheisean dìon chloinne. Tro Bhuidheann Ro-innleachd an CDC, bha àrd-oifigearan a' solarachadh ceannardas gus atharrachaidhean a stiùireadh tro ath-bhreithneachaidhean cleachdaidh. Bha iad air prìomhachas a thoirt do ghoireasan gus dèanamh cinnteach gun robh obair an CDC air a dheagh cho-òrdanachadh agus bha iad air dèanamh cinnteach à taic rianachd iomchaidh.

Bha an CDC air a dheagh stèidheachadh agus bha e air a dheagh riochdachadh bho sheirbheisean iomchaidh, an roinn shaor-thoileach nam measg. Bha co-shealbhachadh air dìon chloinne ga nochdadh leis gun deach dreuchd cathraiche an CDC a thoirt bho chionn ghoirid bho Iar-stiùiriche na h-Obrach-shòisealta chun an àrd-lighiche, agus Neach-sgrùdaidh na Sgìre an gnìomh mar iar-chathraiche. Bha prìomh dhreuchd air a bhith aig an CDC ann a bhith a' togail ìomhaigh dìon chloinne sna h-Eileanan Siar agus ann a bhith a' daingneachadh an dleastanais a tha aig gach neach a thaobh a bhith a' cumail chloinne sàbhailte. Bha e air ath-sgrìobhadh nan stiùiridhean eadar-bhuidhneach a stiùireadh, agus bha luchd-obrach aig gach ìre thar nan seirbheisean eòlach orra.

Bha seirbheisean ag obair còmhla ann an dòigh dhealbhaichte gus coinneachadh ri feumalachdan chloinne agus theaghlaichean so-leònte tron SGDD agus Fòram an Droch Dhìol san Dachaigh. Bha obair gus aonta a ruighinn eadar seirbheisean a thaobh prìomhachasan leasachadh seirbheis aig ìre thràth. Bha ath-bhreithneachadh air SGDD air dàil a chur ann an cruthachadh dreuchd ainmichte ùr gus clann a tha beò fo bhuidhe deoch-làidir agus drugaichean a chuideachadh. Bha dealas aig Ceannard an ùghdarrais ionadail airson seirbheisean a leasachadh do chloinn agus theaghlaichean, gu h-àraid ann an Uibhist agus Barraigh. Bha e air co-chomhairliche neo-eisimeileach a bharrantachadh gus cuideachadh le bhith a' dealbhadh plana gus seo a choileanadh.

Ceannardas Dhaoine agus Chom-pàirteachasan

Uile gu lèir, bha ceannardas dhaoine agus chom-pàirteachasan iomchaidh. Bha buill thaghte, Ceannardan an ùghdarrais ionadail, SNS nan Eilean Siar agus an t-Àrd Chonstabal air geallaidhean làidir a dhèanamh a thaobh a bhith ag obair còmhla gus seirbheisean dìon chloinne a leasachadh. Bha strì air a bhith eadar an t-ùghdarras ionadail agus àrd-mhanaidsearan a bha ann an SNS nan Eilean Siar roimhe ach bha an dà Cheannard ag obair gu dlùth gus earbsa agus misneachd ath-thogail. Bha caochladh bheachdan eadar àrd-mhanaidsearan agus manaidsearan obrachaidh taobh a-staigh an ùghdarrais ionadail a thaobh phlanaichean gus seirbheisean chloinne ath-eagrachadh. Cha robh an RLCA a' gabhail com-pàirt gu leòr mar phrìomh chom-pàirtiche ann an dealbhadh seirbheisean chloinne no ann an leasachadh ro-innleachdach sheirbheisean gus clann a dhìon.

Bha dàimhean làidir ionadail eadar luchd-obrach ann an diofar sheirbheisean a' ciallachadh gun robh deagh bhuilean ann do chloinn agus do theaghlaichean. Bha SNS nan Eilean Siar air com-pàirteachas

èifeachdach a leasachadh le DCN gus coinneachadh ri feumalachdan chloinne le ciorraman. Bha leasachaidhean susbainteach ann an obair cho-roinnte agus roinneadh fiosrachaidh thar nan seirbheisean, gu h-àraid ann an Leòdhas agus Na Hearadh. Bha manaidsearan in-ghabhail a bha suidhichte taobh a-staigh na Seirbheis Foghlaim a' toirt seachad cuideachadh cudromach gus clann a chumail sna coimhearsnachdan aca fhèin, gu h-àraid ann an Uibhist agus Barraigh. Bha seo ag obair gu math, ach cha robh cuid de luchd-obrach agus de theaghlaichean soilleir mu na dreuchdan agus na dleastanasan a bha aig diofar sheirbheisean.

Bha prògram trèanaidh cuimseach dìon chloinne air a dhealbhadh leis an CDC a' toirt taic do leasachaidhean seirbheis. Bha trèanadh ri fhaotainn do luchd-obrach sna seirbheisean uile, a' gabhail a-steach an roinn shaor-thoileach. Bha deagh làthaireachd tric aig tachartasan trèanaidh thar nan seirbheisean. Bhathar ag aithneachadh gun robh prìomh dhreuchd aig DCN ann a bhith a' solarachadh sheirbheisean do chloinn agus theaghlaichean. Bha dàimhean obrach eadar seirbheisean reachdail agus an roinn shaor-thoileach math. Bha dealbhadh do chloinn a' cleachdadh sheirbheisean san roinn shaor-thoileach air a bhacadh aig amannan air sàilleabh aontaidhean maoinachaidh san ùine ghoirid. Cha robh buidhnean ro-innleachdach an còmhnaidh a' tarraing air eòlas luchd-obrach bho bhuidhnean saor-thoileach nas lugha.

Ceannardas a thaobh atharrachadh agus leasachadh

Bha ceannardas a thaobh atharrachadh agus leasachadh iomchaidh. Bha buill thaghte agus àrd-mhanaidsearan sna seirbheisean uile air gabhail ri toraidhean nan aithrisean sgrùdaidh a chaidh a dhèanamh roimhe agus bha iad air a dhol an gnìomh gus leasachaidhean a dhèanamh. Sheall àrd-mhanaidsearan dealas do leasachadh leantainneach. Bha an t-ùghdarras ionadail air ceanglaichean feumail a dhèanamh le ùghdarras ionadail eile gus cleachdadh a cho-roinn agus gus taic a thoirt do leasachaidhean seirbheis. Cha robhar a' cleachdadh a' PSCA airson atharrachaidhean a stiùireadh thar seirbheisean. Mar dheasachadh airson an sgrùdaidh seo, bha gach seirbheis air fèin-mheasadh a ghabhail os làimh. Cha deach seo fhathast a thoirt ri chèile ann am measadh a thaobh mar a bha seirbheisean ag obair còmhla gus clann a dhìon agus gus na feumalachdan aca a choinneachadh.

Bha deagh riochdachadh air an CDC bho na buidhnean freagarrach uile agus dealas soilleir bho na buill aige. Bha e air sgrùdadh a dhèanamh air prìomh phròiseasan dìon chloinne leithid cleachdadh an CDC agus com-pàirteachas ann an co-labhairtean cùise. Bha planaichean stèidhichte gus builean a thomhas le bhith a' dèanamh anailis air co-dhùnaidhean a chaidh a dhèanamh aig prìomh choinneamhan agus buaidh nam buidhnean bunaitich. Bhathar a' cleachdadh mhodhan ùra airson ath-bhreithneachaidhean air cùisean cudromach, gus sgrùdadh a dhèanamh air dà chùis agus gus leasain ionnsachadh bhuapa. Ach, cha robh deagh fhiosrachadh aig Àrd-oifigearan SNS nan Eilean Siar agus Roinn Choimhearsnachdan Seasmhach an ùghdarras ionadail a thaobh nan ath-bhreithneachaidhean seo, agus bha seo a dhìth orra gus leasachaidhean a dhèanamh.

Bha Aonad Dìon Chloinne Poileis a' Chinn a Tuath a' dèanamh ath-bhreithneachadh air sgrùdaidhean uile. Bha seo a' dèanamh cinnteach gun robh poileasaidh làithreach agus gun robh sàr-chleachdadh air a chur an sàs. Bha SNS Eilean Siar air luchd-obrach a bharrachd a chur an dreuchd gus taic a thoirt do dh'obair le cloinn agus teaghlaichean so-leònte. Bha àrd-mhanaidsearan air plana gnìomha a dhealbh gus seirbheisean a leasachadh agus bha iad air siostam èifeachdach a chur an àite gus sùil a chumail air adhartas. Bha dàil air a bhith ann a thaobh poileasaidh soilleir a ghnìomhachadh mu rianachd chlàran slàinte. Bha manaidsearan an dà chuid sna Seirbheisean Foghlaim agus Obair-shòisealta air atharrachaidhean a mholadh a thaobh eagrachadh sheirbheisean taobh a-staigh nan roinnean aca fhèin. Cha robh adhartas

gu ruige aontachadh agus gnìomhachadh nan atharrachaidhean seo ach
slaodach.

8. Dè cho math 's a tha clann agus daoine òga air an dìon agus na feumalachdan aca air an coinneachadh?

Bha luchd-sgrùdaidh misneachail gun robh fios aig seirbheisean mun a' chloinn a bha a' feumachdainn dìon agus gun robhar a' dol an gnìomh gu grad gus coinneachadh ris na feumalachdan aca. Bha dàimhean seasmhach agus earbsach aig cloinn le inbhich. Bha clann agus teaghlaichean a' faotainn seirbheisean èifeachdach agus bha am beatha a' fàs nas fheàrr mar thoradh air a seo. Bha cuid de chloinn ann le buaidh aig deoch-làidir air am beatha nach robh a' faighinn cuideachadh tràth gu leòr. Bha luchd-obrach a' co-roinn fiosrachadh gus clann a dhìon ach cha robh clàradh freagarrach ga dhèanamh air seo anns a h-uile suidheachadh. Bhiodh frèaman nas soilleire gus cunnartan agus feumalachdan a mheasadh cuideachail gus dìon chloinne a leasachadh. Bha ceannardas agus dealbhadh gus coinneachadh ri feumalachdan chloinne a' leasachadh.

Bha na h-Àrd-oifigearan agus an CDC air an stiùir a ghabhail a thaobh a bhith a' leasachadh sheirbheisean dìon chloinne. Ann a bhith a' leantainn air adhart leis an obair seo, bu chòir dhaibh:

- dèanamh cinnteach gu bheil co-dhùnaidhean mu chloinn air an clàradh gu soilleir;
- ro-innleachd cho-roinnte a leasachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil clann a tha fo bhuidh mì-chleachdadh stuthan – an dàrna cuid seach gu bheil iad fhèin no am pàrantan gan cleachdadh – air an dìon agus na feumalachdan aca air an coinneachadh;
- dèanamh cinnteach à barrachd com-pàirteachas chloinne agus theaghlaichean ann a bhith a' dealbhadh sheirbheisean;
- dèanamh cinnteach à com-pàirteachas luchd-ùidh uile ann an gnìomhachadh a' Phlana Seirbheisean Chloinne Amalaichte (PSCA);
- cultar co-roinnte a leasachadh a tha a' brosnachadh iomadachd agus cothrom co-ionann air seirbheisean; agus
- leasachadh a bharrachd a dhèanamh air fèin-mheasadh gus seirbheisean a thoirt air adhart.

9. Dè tha tachairt a-nis?

Chaidh iarraidh air na h-Àrd-oifigearan plana gnìomha a dheasachadh a' comharrachadh mar a chuireas iad aghaidh ris na prìomh mholaidhean san aithisg seo, agus gus am plana a cho-roinn le prìomh luchd-ùidh. Taobh a-staigh dà bhliadhna de dh'fhoillseachadh na h-aithisge seo tadhailidh Luchd-sgrùdaidh na Bànrìghe a-rithist air an sgìre ùghdarrais gus measadh agus aithris a dhèanamh air adhartas a chaidh a dhèanamh gus na molaidhean a choinneachadh.

Helen Happer
Neach-sgrùdaidh
Samhain 2007

Pàipear-taice 1 Taisbeanairean Càileachd

Chaidh na taisbeanairean càileachd a leanas a chleachdadh sa phròiseas sgrùdaidh gus measadh a dhèanamh air èifeachdas iomlan nan seirbheisean gus clann a dhìon agus na feumalachdan aca a choileanadh.

| Dè cho èifeachdach 's a tha an cuideachadh a tha clann a' faighinn nuair a tha feum aca air? | |
|---|------------|
| Thathar ag èisteachd ri cloinn, gan tuigsinn agus a' toirt urram dhaibh | Math |
| Tha clann a' faighinn buannachd à ro-innleachdan gus cron a lùghdachadh | Math |
| Thathar a' cuideachadh chloinne leis na gnìomhan a thathar a' dèanamh gus freagairt gu grad air draghan | Fìor mhath |
| Thathar a' coinneachadh ri feumalachdan chloinne | Math |
| Dè cho math 's a tha seirbheisean a' brosnachadh mothachadh poblach a thaobh dìon chloinne? | |
| Mothachadh poblach a thaobh sàbhailteachd agus dìon chloinne | Fìor mhath |
| Dè cho math 's a tha lìbhrigeadh nam prìomh phròiseasan? | |
| A' com-pàirteachadh chloinne agus nan teaghlaichean aca ann am prìomh phròiseasan | Math |
| Co-roinn agus clàradh fiosrachaidh | Iomchaidh |
| Ag aithneachadh agus a' measadh chunnartan agus feumalachdan | Iomchaidh |
| Èifeachdas dealbhaidh gus feumalachdan a choinneachadh | Math |
| Dè cho math 's a tha stiùireadh obrachail ann a bhith a' dìon chloinne agus a' coinneachadh ris na feumalachdan aca? | |
| Poileasaidhean agus modhan | Math |
| Dealbhadh obrachail | Lag |
| Com-pàirteachas chloinne, theaghlaichean agus dhaoine iomchaidh eile ann an leasachaidh poileasaidh | Iomchaidh |
| Fastadh agus gleidheadh luchd-obrach | Math |

| | |
|---|-----------|
| Leasachadh luchd-obrach | Math |
| Dè cho math 's a tha ceannardas fa leth agus coitcheann? | |
| Lèirsinn, luachan agus amasan | Iomchaidh |
| Ceannardas agus treòrachadh | Math |
| Ceannardas dhaoine agus chom-pàirteachasan | Iomchaidh |
| Ceannardas atharrachaidh agus leasachaidh | Iomchaidh |

Tha an aithisg seo a' cleachdadh an sgèile fhaclan a leanas gus na measaidhean a rinn luchd-sgrùdaidh a dhèanamh soilleir

| | |
|------------|--|
| Sàr-mhath | fa leth, air adhart san roinn |
| Fìor mhath | neartan mòra |
| Math | neartan cudromach le raointean airson leasachadh |
| Iomchaidh | tha neartan dìreach a' toirt bàrr air laigsean |
| Lag | laigsean cudromach |
| Uireasach | laigsean mòra |

Ciamar a chuireas tu fios thugainn?

Ma tha thu ag iarraidh lethbhreac a bharrachd den aithisg seo

Chaidh lethbhreacan den aithisg seo a chur gu Ceannardan an ùghdarrais ionadail agus Bòrd na Slàinte, an t-Àrd-chonstabal, Neach-aithris an Ùghdarrais agus am Prìomh Neach-aithris, Buill de Phàrlamaid na h-Alba, agus daoine fa leth agus buidhnean iomchaidh eile. A rèir na tha ri fhaotainn, gheibhear lethbhreacan a bharrachd an-asgaidh bho Luchd-sgrùdaidh na Bànrìghe airson Foghlaim, Ciad Ùrlar, Taigh Denholm, Pàirc Gnothachais Almondvale, Slighe Almondvale, Baile Dhùn Lèibhe EH54 6GA no le fòn a chur gu 01506 600262. Gheibhear lethbhreacan cuideachd air an làraich-lìn againn air www.hmie.gov.uk

Ma tha thu ag iarraidh beachdachadh air an sgrùdadh seo

Ma tha thu airson beachd a thoirt seachad air taobh sam bith de sgrùdaidhean ùghdarrais foghlaim, bu chòir dhut sgrìobhadh sa chiad àite gu Niall MacEachainn, Stiùiriche Sheirbheisean Chloinne aig Luchd-sgrùdaidh na Bànrìghe airson Foghlaim, Taigh Denholm, Pàirc Gnothachais Almondvale, Slighe Almondvale, Baile Dhùn Lèibhe EH54 6GA.

A' mhodh gearain againn

Ma tha dragh agad mun aithisg seo, bu chòir dhut sgrìobhadh sa chiad àite chun a' Mhanaidsear Ghearanan againn, Aonad Stiùireadh Gnothachais LSBF, Dàrna Ùrlar, Taigh Denholm, Pàirc Gnothachais Almondvale, Slighe Almondvale, Baile Dhùn Lèibhe, EH54 6GA. Faodaidh tu cuideachd post-d a chur gu HMIEComplaints@hmie.gsi.gov.uk. Tha lethbhreac den mhodh gearain againn ri fhaotainn bhon oifis seo, le bhith a' cur fòn gu 01506 600 200 no bhon làraich-lìn againn aig www.hmie.gov.uk.

Mura h-eil thu riarachta leis a' ghnìomh a tha sinn air a dhèanamh aig deireadh na modh gearain againn, faodaidh tu an gearain agad a thogail le Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba (OSPA). Tha an OSPA gu tur neo-eisimeileach agus tha cumhachdan aca gearanan a sgrùdadh mu roinnean agus buidhnean Riaghaltais. Bu chòir dhut sgrìobhadh chun an OSPA, Post an-asgaidh EH641, Dùn Èideann EH3 0BR. Faodaidh tu cuideachd fòn a chur gu 0800 377 7330 (facs 0800 377 7331) no cuir post-d gu: ask@spsa.org.uk. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu oifis an Ombudsman bhon làraich-lìn: www.spsa.org.uk.

Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùn 2007

Luchd-sgrùdaidh na Bànrìghe airson Foghlaim

Faodar an aithisg seo ath-dhèanamh ann am pàirt no uile gu lèir, seach airson adhbharan coimearsalta no ann an co-cheangal ri ro-shealladh no sanas, fhad's a tha an tobar agus an ceann-là air an innse.